

ORAN SUGRAIDH,

LE OIG'EAR D'A LEANNEAN.

LUINNEAG.

*Hòrinn ő gur mi tha tìursach,
Thriall mo mhànan, d'fhag mo lùgh mi,
Cha n'eil cail agam gu sùgradh,
Gus a faic mi ruin mo chèille.*

'S truagh nach robh mo chalag ghreannear,
Mar rium fein fo' sgè nu'm beanntaibh,
Far am biodh a chuthag Shàmhruidh,
Seinn sa ghleann an am dhuinn èridh.

Hòrinn ő, &c.

Laidhinn oidch' sa choill ri ceò leat,
Far nae cluinneadh Goill ar còradh,
Barrach na'n crann ga nar còdach,
Gus an eireadh déò na grein' oirn.

Hòrinn ő, &c.

Bheirinn ruaig a bhuainn na'n cnò' leat,
(A ghuanag a' għluasaid mhòdhair)
Far am bidh coilleach na smeòraich,
Cuir fàillt' air an lò sna gèugan.

Hòrinn ő, &c.

Tha do ghruaidh mar shnuadh nan ròsan,
Cha chuir sin ort uaill no mor-chuis,
Ged is gil' thu *Luaidh* na'n t-òinean,
'S na cannach na'n lòn sa'chēitean.

Hòrinn ő, &c.

Tha thu àoidheil, caoimhneil, càirdeil,
Gun għiomh, gun uabhar, gun àrdan,
Ge do fhuair mi'measg na gràisg thu,
Bhiodh san t-saile tarruing èisg as.

Hòrinn ő, &c.

B'e mo mhiann a's trian de m'àileas,
Teannadh dian ri bial do mhànnrain,
Cha n'eil ciall, no rian, nach fāg mi,
Mar a tar mi bho'na Chlèir thu.

Hòrinn ő, &c.

Ge do gheibhin nigh'n a Bhàilidh,
Mar ri buala do chrodh dàire,
'S mor gu'm b'anns' thu fèin a MHAIRI,
O'n a tha do chāil chō cèutach!

Hòrinn o, &c.

'S trom mo chrīdh' an diugh ga t-fhàgal,
Aig na Gallaich b'e mo chàs e,
'S nach earbainn thu ri mo bhrathair,
Ga ē mac mo mhathar fein ē.

Hòrinn o, &c.

Ge do tha mi nise triall bh'uat,
Air m'fhasal cha be mo mhiann e,
B'fhearr leam thu no nighean Iarla,
Gu'n dad ga do dhion ach leine !

Hòrinn o, &c.

Ach a rùin cha doir mi fuath dhut,
A dhain'ein na their an sluagh rium,
Ge do thogadh iad ort tuaileas,
Their mise gur buaitheam brèig e.

Hòrinn o, &c.

Ge do tha mi falbh am bliadhna,
Thig mi'n ath-bhilia'na ga t-iarraidh,
Ach a ruin bidh thu-sa dioneach—
'S na doir' iasad a d'fhear fèumach.

Hòrinn o, &c.

Bi'dh mi co'-dhunadh an òrain,
Ma's deann mi "teaghair do rōineig,"
Air eagal ma their mi corr,
Gu sòal àn slògh nach eil sin bèusach.

*Hòrinn o cha n'eil mi tùrsach,
Thainig mo liunn-tadh as ùr mi.
'S mi—nach cǎidil fo' smùirean,
On a tha thu rùin da m' èisdeachd.*

CRIOCH.